



Bòrd na Gàidhlig

'S e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann phoblach ann an Alba air a bheil an urra ri bhith a' cur air adhart leasachadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig.

'S e ar n-amas gum faicear is gun cluinnear a' Ghàidhlig gu làitheil air feadh na h-Alba, air dhòigh 's gun tèid aithneachadh gu farsaing gu bheil i aig cridhe beatha na h-Alba agus na stòras cultarach is eaconamach.

Dè th' ann an Aithisg air Còraichean Chloinne?

Bidh aithisg air còraichean chloinne a' mìneachadh na h-obrach a tha buidheann air a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun deach còraichean chloinne a dhìon fon UNCRC. Tha e na riatanas fo Achd na Cloinne agus na h-Òigridh (Alba) 2014 gum foillsich raon de bhuidhnean poblach aithisg gach 3 bliadhna.

Dè th' anns an UNCRC?

Tha Cunradh nan Dùthchanann Aonaichte air Còraichean a' Phàiste (UNCRC), na aonta eadar-nàiseanta ceangailteach fon lagh, a tha a' mìneachadh nan còraichean catharra, poilitigeach, eacomonach, sòisealta agus cultarail aig gach pàiste, ge bith dè an cinneadh, cràbhadh no comas.

Tha 54 artaigilean an lùib an UNCRC a dh'fhaodar a chur ann an seòrsaichean:

- ceumannan buileachaidh choitcheann
- mìneachadh air pàiste
- prionnsabalan coitcheann an UNCRC
- còraichean catharra agus saorsainnean
- ainneart an aghaidh chloinne
- àrainneachd teaghlaich agus cùram eile
- slàinte is sunnd bunaiteach
- foghlam, cur-seachadan, agus cultar
- ceumannan dìon sònraichte

Tha cuid de na seòrsaichean seo a' buntainn ris an obair aig cuid de bhuidhnean poblach nas motha na feadhainn eile. Cha bhi Bòrd na Gàidhlig a' toirt seirbheisean gu dìreach do chloinn agus mar sin air adhbharan aithris tha sinn air na seòrsaichean seo a chur ann an ceithir cuspairean:

- Mairsinneachd
- Leasachadh
- Com-pàirteachadh
- Dìon

Mairsinneachd - *Tha còir agad air beatha, deagh bhiadh, uisge, agus àrachadh fallainn*

Pàrant Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air ainmeachadh fon lagh mar Phàrant Corporra fo Achd na Cloinne agus na h-Òigridh (Alba) 2014. Tha seo a' ciallachadh gu bheil dleastanasan reachail oirnn rin coileanadh a thaobh òigridh le eòlas air cùram. Mar Phàrant Corporra, tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig:

- Fa-near a thoirt do chùisean a bheir droch-bhuaidh, no a dh'fhaodadh droch-bhuaidh a thoirt, air sunnd chloinne is òigridh.
- Measadh a dhèanamh air feumalachdan na cloinne is òigridh sin airson seirbheisean agus an taic a bheir e.
- Ùidhean na cloinne agus na h-òigridh sin a chur air adhart.
- Feuchainn ri cothroman a thoirt dhan chloinn is òigridh sin pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan air an dealbhadh gus an sunnd a chur air adhart.

Bidh luchd-obrach agus buill-bhùird Bhòrd na Gàidhlig uile a' faighinn trèanadh Pàrantachd Corporra gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aig a h-uile duine taobh a-staigh na buidhne gus ar dleastanasan a chur an gnìomh.

Feumaidh na buidhnean agus pròiseactan uile a gheibh maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig fa-near a thoirt gu agus aithris air mar a bheir iad taic dha na h-amasan a chuireadh a-mach ann an Achd na Cloinne agus na h-Òigridh (Alba).

Leasachadh - *Tha còir agad air foghlam agus ùine gus fois a ghabhail agus cluich*

Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an t-Achd) tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig plana Gàidhlig nàiseanta ullachadh agus a chur gu Ministearan na h-Alba gach còig bliadhna. **Tha Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018 - 2023 ag aithneachadh** geallaidhean ann an grunn raointean a bheir taic do chloinn ann a bhith a' tighinn gu bàrr an comais, am measg tha:

- Foghlam Gàidhlig a' gabhail a-steach Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, Solarachadh Bun-sgoil is Àrd-sgoil
- Iomairtean a chumas taic ri cleachdadh na Gàidhlig le òigridh
- Iomairtean a chumas taic ri teaghlaichean Gàidhlig a chleachdadh leis an cuid chloinne

Stiùireadh Reachdail mu Fhoghlam Gàidhlig

Tha an Stiùireadh Reachdail air a thoirt seachad le Bòrd na Gàidhlig fo Earrann 9 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha dà phrìomh phàirt na lùib. Tha Pàirt 1 a' toirt Stiùireadh gu sònraichte a thaobh Achd Foghlam (Alba) 2016 agus na h-ullachaidhean aige airson a' phròiseas tagraidh foghlam Gàidhlig bun-sgoile (GMPE) agus an dleastanas a th' air ùghdarrasan foghlaim gus foghlam na Gàidhlig a chur air adhart agus taic a thoirt dha. Thàinig na h-ullachaidhean seo gu bhith air 1 Gearran 2017. Tha Pàirt 2 a' toirt seachad tuilleadh Stiùiridh a thaobh solarachadh foghlam na Gàidhlig ann an sgoiltean.

Tha an dleastanas air Ùghdarrasan Poblach gus Foghlam Gàidhlig a chur air adhart agus a chuideachadh a' ciallachadh gu bheil barrachd chloinne, òigridh agus am pàrantan / luchd-cùraim mothachail gur e roghainn a th' ann am Foghlam Gàidhlig agus gu bheil e fosgailte dhan h-uile duine.

Tha na h-ullachaidhean taobh a-staigh Achd Foghlam (Alba) 2016, airson 's gum faod pàrantan foghlam Gàidhlig bun-sgoile iarraidh, ann an àiteachan far nach fhaighear e an-dràsta, a' cur gu ìre ri faoiteannachd foghlam Gàidhlig bun-sgoile a chur am meud, gus am faighear cothrom nas motha air.

Cairt na h-Eòrpa air Mion-chànanan is Cànanan Roinneil

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig cuideachd fon Achd sgrùdadh is aithris air gnìomhan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fo Chairt na h-Eòrpa. An lùib na Cairt tha dleastanasan sònraichte a thaobh Foghlam agus thug Bòrd na Gàidhlig fianais do Chomataidh nan Eòlaichean air adhartas a thaobh foghlam. Tha lìbhrigeadh FnG na dhleastanas aig ùghdarrasan poblach seach a' Bhòrd agus thug sinn comhairle agus taic do dh'ùghdarrasan ann a bhith a' coileanadh an dleastanasan.

Maoineachadh

Tha grunn sgeamaichean maoineachaidh aig Bòrd na Gàidhlig dham faod diofar bhuidhnean a chur a-staigh gus pròiseactan agus iomairtean a chur air dòigh a bhios a' cuideachadh Gàidhlig a cur air adhart agus taic a thoirt dha. Tha **Taic Freumhan Coimhearsnachd** a' toirt taic gu sònraichte ri pròiseactan a bheir seachad chothroman do dh'òigridh ann a bhith a' cleachdadh agus a' leasachadh an cuid sgilean Gàidhlig ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil, spòrsail taobh a-muigh foghlam foirmeil. Tha an sgeama cuideachd a' cumail taic ri pròiseactan a chuireas fòcas air cànan a sgaoileadh eadar ginealachan agus cothroman do theaghlaidhean pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan le chèile. Ann an com-pàirteachadh le Comann nam Pàrant, tha **Sgeama Gàidhlig Tràth-bhliadhnaichean** aig Bòrd na Gàidhlig cuideachd a bheir taic le cosgaisean do bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean a th' air an ruith gu saor-thoileach. Tha an t-oifigear Tràth-bhliadhnaichean a' toirt cothrom do phàrantan / luchd-cùraim agus òigridh Gàidhlig ionnsachadh tro gheamannan, sgeulachdan is cluich.

Com-pàirteachadh - *Tha còir agad air chantail ciamar a tha thu a' faireachadh, gun tèid èisteadh riut, agus gun tèid do ghabhail riut.*

Ged nach bi Bòrd na Gàidhlig a' toirt seirbheisean do chloinn gu dìreach, bidh sinn a' dol an sàs leis ar com-pàirtichean is buidhnean libhrigeadh a gheibh maoineachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt fa-near do chòraichean chloinne ann am planadh is libhrigeadh ar pròiseactan air fad.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' dol ann an comhairle gu tric leis ar luchd-ùidhe tro cho-chomhairlichean poblach a tha a' gabhail a-steach beachdan a shireadh bho chlann is am pàrantan is luchd-cùraim.

Ann an 2017 thug sinn co-chomhairleachaidh gu buil air a' Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023, bha seo a' gabhail a-steach sreath de thachartasan co-chomhairleachaidh poblach aghaidh ri aghaidh agus tro chom-pàirteachas ag obair le buidhnean leithid Comann nam Pàrant, bha pàirt chudromach aig pàrantan agus luchd-cùraim a thaobh freagairtean a' cho-chomhairleachaidh.

Dìon - *Tha còir agad air deagh-làimhseachadh agus gun a bhith air do ghortachadh le duine sam bith*

Tha còir aig clann agus am pàrantan / luchd-cùraim air faireachadh sàbhailte 's iad a' gabhail pàirt ann an gnìomhachdan agus tha Bòrd na Gàidhlig ag obair còmhla ris ar com-pàirtichean is pròiseactan maoinichte uile gus dèanamh cinnteach gun tachair seo.

Mar chumhnant a' mhaoineachaidh, tha sinn ag iarraidh gum bi com-pàirtichean libhrigidh agus pròiseactan le taic a th' air an dealbhadh do chloinn a' coileanadh slatan-tomhais nàiseanta agus a' gabhail a-steach fiosrachadh mionaideach air na Poileasaidhean Dìon Chloinne agus air neo Dionadh aca.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gu dlùth ri buidhnean saor-thoileach Tràth-bhliadhnaichean agus com-pàirtichean gus cothroman trèanaidh a chur air adhart agus a libhrigeadh do cheannardan cluiche agus buil chomataidh gus dèanamh cinnteach gun toir buidhnean Tràth-bhliadhnaichean seachad

àrainneachd sàbhailte de dh'àrd-chàileachd. Tha Pasgan Fiosrachaidh Thràth-bhliadhnaichean ri fhaotainn cuideachd do bhuidhnean uile a tha a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach air poileasaidhean is pròiseasan a bu chòir a bhith air an gabhail riutha agus air an cumail riutha.

Na h-Ath Cheumannan

Leanaidh Bòrd na Gàidhlig oirnn a' leasachadh na h-obrach a tha sinn air toirt gu buil eadar 2017-2020 gus dèanamh cinnteach gun coilean sinn agus gun toir sinn bàrr air ar dleastanasan ann a bhith a' cumail taic ri còraichean chloinne agus òigridh.

Nì sinn rannsachadh air ciamar as urrainn dhuinn comhairleachadh gu dìreach ri òigridh ann an dòigh nas fheàrr gus na beachdan aca a shireadh agus, mar thoradh, cothroman a leasachadh.

Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas le Comann nam Pàrant gus Measaidhean Buaidh air Còraichean is Sunnd Chloinne (CRWIA) a ghabhail os làimh air poileasaidhean Tràth-bhliadhnaichean buntainneach uile gus dèanamh cinnteach gun lean buidhnean tràth-bhliadhnaichean orra a' toirt seirbhisean seachad de dh'àrd-chàileachd agus thèid buidhnean uile a bhrosnachadh ri trèanadh UNCRC a ghabhail os làimh.

Meudaichidh sinn a' chomhairle a bheirear do Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean poblach eile air mar a thèid leasachadh is libhrigeadh poileasaidh a neartachadh gus dèanamh cinnteach à dìon còraichean choinne le Gàidhlig agus fàs a' mhion-chànain dhùthchasach ann an Alba.

Dreach <i>Version Number</i>	Adhbhar/Atharrachadh <i>Purpose/Change</i>	Ùghdar <i>Author</i>	Ceann-là <i>Date</i>
V2	Smachd Sgiobhainn air an cur ris is logo BNG	SB	09/02/2023